

# Òran a' Mhathanaich

Mo shoiridh air chuan uam,  
Gu ruig na mnà uasail,  
Chuir thugam mi shuaich'neas,  
Air 'fhuaiagheall le snàth.

## **Sèist:**

Gum bi mi 'siubhal a-null thar  
sàil,  
Gum bi mi 'siubhal 's chan  
fhaicear mi dubhach,  
Ach ruigidh mi subhach Loch  
Dubhaich Cionn t-Sàil,  
Gum bi mi 'siubhal a-null thar  
sàil.

Air 'fhuaiagheall gu riomhach,  
Le h-òlainn 's le sìoda,  
Tha h-obair ag innseadh,  
Gur finealt' a làmh.

Bean cheanalta, shuairce,  
Do chinneadh nan uaislean,  
Clann Ghriogair o ruadh Shruth,  
Thug buaidh anns na blàir.

Ged rinn iad Gleann Lìomhainn,  
A chall le luchd mì-rùin,  
Tha 'n cinneach a' dìreadh,  
San rioghachd an tràths'.

Nam bithinn 'am phòitear,  
Gun rachainn gu deònach,  
A shuidh san taigh-òsta,  
A dh'òl an deoch-slàint'.

Cha leth-bhodach spìocach,  
A b' àill leam 'bhith 'g iarraidh,  
Ach buideal làn fionna,  
'S a dhioladh air clàr.

Ged 'chall sinn an tìre,  
Thug Ailpean an rìgh dhuinn,  
Tha slìos Inbhir Ionaid,  
Fo chis aig mo dhàimh.

Tha 'n Àird agus Aoineig,  
Aig fear de mo dhaoine,  
'S Loch Dubhthaich nan aonach,  
Gach taobh dheth 'na làimh.

Tha 'n tìr a thug Dòmhnall,  
MacMhathain le gòraich,  
Do dh'Fhearchair MacBheòlain,  
Le còir aig an tràths'.

Ged 'chail sinn le millteir,  
An tìr bh' aig mo shinnsear,  
Tha sòlas air m' inntinn,  
Gur leinn Tulach Àrd.

Nuair a thug sinn do Chailein,  
Cionn t-Sàile le Malaidh,  
Bhris Pàdraig a ghealladh,  
'Gar mealladh gach tràth.

Gur beag a bha 'bhuidh ann,  
Don dream a thug uainn e,  
'S ged nochd iad dhuinn fuath,  
Gum bi 'n tuarastal pàight'.

Ged 'mheall iad le foill,  
O MhacMhathain an  
oighreachd,  
Gun d'fhuair sinn 'nis greim  
oirr',  
'S neo ar thaing don ghràisg.

Tha Leódhas na fairrge,  
A còmhnard 's a garbhach,  
Aig Mathanach calma,  
'S gach cearb dhith 'na làimh.

'S na fhuair sinn o Ailpein,  
Gum faigh sinn air ais e,  
Is pillidh mi dhachaidh,  
Le h-àiteas don Àird.

'S gun innis mi sgeul duibh,  
An Gaedhilge no 'm Beurla,  
Mu thimcheall nan treun-fhear,  
Chuir Éirinn fo chàin.

Chuir ionraic de Courcey,  
A losgadh na dùthcha,  
Ach dh'èirich na diùlnaich,  
Is sgrios iad a' ghràisg.

Nuair a dh'èirich MacMhathain,  
Air deas làimh a' chearna,  
Chaidh dubh-Ghoill a chrathadh,  
Le flath Innis Eail!

Cha dèanadh iad striochdadh,  
Fad cheithir cheud bliadhna,  
Do dh'Ionraic na dh'Iabhair,  
Bha riamh air an àit.

Nuair a chaidh iad an òrdugh,  
Am Feàrnaig le 'n còmhlán,  
Bha Sasannaich brònach,  
'S chaidh móran diubh bàs.

Ach bithidh mi 'co-dhùnadh,  
Nan rann seo le dùrachd,  
Mo bhancharaid chliùiteach,  
'Bhith sùgach gu bràth.